



Monad - Seònaid NicLachlainn

Prìomh Eòlasan agus Builean

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

SOC 2-06a

'S urrainn dhomh bruidhinn mu na h-adhbharan a bha aig daoine a bha an sàs ann an tachartas cudromach san àm a dh'fhalbh agus 's urrainn dhomh measadh a' bhuaidh a bha aca, aig an àm sin agus on uair sin.

SOC 3-06a

Leasan 1	Rò-radh – Seònaid NicLachlainn “Smeòrach nan Gàidheal”
Eòlasan & Builean	<p><i>A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh a lorg, a thaghadh agus a chur an òrdugh bho mheasgachadh de ghoireasan agus seo a chleachdadh airson diofar adhbharan.</i></p> <p style="text-align: right;">LIT 2-14a</p> <p><i>A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh à diofar ghoireasan a lorg, a thaghadh, a chur an òrdugh, a ghiorrachadh, a chur còmhla ri fiosrachadh eile agus a chur gu feum.</i></p> <p style="text-align: right;">LIT 3-14a / LIT 4-14a</p>
Goireasan	Cleachd Duilleagan PPT 1 gu 3
Èisteachd is Labhairt	<p>Mar chlas -</p> <ul style="list-style-type: none">• Deànaibh còmhraidh air a' chiad smuaintean aig na sgoilearan air Seònaid.• Cleachd dealbhan Seònaid gus beachdan fhaighinn.• Dè th' ann an 'Smeòrach'? Dè an seòrsa òmhaigh a th' ann?• Carson a thug daoine “Smeòrach nan Gàidheal” air Seònaid?
Gnìomhan	<p>Sgrìobhadh – Cruthaich teacsa bho theacsa eile.</p> <p>Roghainn - diofar ìrean de dhùbhlann do sgoilearan – Cleachd na gnìomhan a bhios freagarrach dhuibh.</p> <p>*Dèan liosta de bhuaidhearan mu Sheònaid (cleachd na dealbhan).</p> <p>**Sgrìobh paragraf a' toirt cunntas air Seònaid (cleachd na dealbhan).</p> <p>*** Cruthaich pìos bàrdachd leis an ainm 'Smeòrach nan Gàidheal' a' toirt cunntas air Seònaid agus cò ris a bha i coltach (cleachd na dealbhan).</p>



	(Tha sgoilearan fhathast a' leughadh teacsa ach an àite fhaclan tha iad a' leughadh dealbh agus a' cruthachadh teacsa eile.)
Briathrachas	Ainmeil (buadhair) – mun cuala mòran dhaoine; cliùiteach; iomraiteach Ealanta (buadhair) – 1. math air ealain 2. sgileil Pròiseil (buadhair) – làn pròis; uaibhreach: nuair a thuir an tidsear gun robh am pròiseact aige math, bha Alasdair pròiseil. Smeòrach (ainmear) eun beag le itean ruadha agus broilleach geal-bhreac a cheilearas gu binn.